

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 43 • An t-luchar 2012 • July 2012

NEW OPPORTUNITIES EXPLAINED TO MINISTER



Nuair a thadhail Ministear an Ionnsachaidh, Saidheans agus Cànan na h-Alba, Alasdair Allan BPA, air oifisean na buidhne ann am Port Rìgh bho chionn greis, dh'inns Fèisean nan Gàidheal dha mun t-seirbheis ùr - Fèisgoil - a thathar a stèidheachadh.

Tha leasachaidhean anns a' Churraicealam airson Sàr Mhathais a' toirt chothroman dhuinn taic a chumail ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh Rannsachadh na h-Alba a' fosgladh dhorsan an cànan a theagasg do dh'òigridh nach eil ag ionnsachadh na Gàidhlig an-dràsta, mar a bhios an iomairt ùr aig Riaghaltas na h-Alba a tha an dùil gum biodh clann ag ionnsachadh trì cànan. Dh'fhaodadh Gàidhlig a bhith nam measg.

Alasdair Allan MSP, Minister for Learning, Science and Scotland's Languages, visited Fèisean nan Gàidheal recently and we took the opportunity to explain Fèisgoil - our plans for the development of a new service to assist Scottish schools where there might be little or no expertise to deliver Gaelic language and arts tuition.

Changes and developments in Curriculum for Excellence offer opportunities to better support Gaelic medium education. We can also assist local authorities with delivering Scottish Studies and help with the Scottish Government's aspiration to give school pupils the opportunity to learn three languages.

Fèisean nan Gàidheal can help local authorities address these issues whilst contributing to increasing the number of people learning Gaelic throughout Scotland and enabling its use.

BLAS FESTIVAL 2012: SEPTEMBER 7-15 SULTAIN

Chaidh Fèis Blas na bliadhnasa a chuir air bhog ann an taigh-cluiche Eden Court air 21 Ògmhios.

Air a' bhliadhna seo tha an Fhèis a' cur fàilte a-rithist air tàlant bho air feadh an t-saoghail le luchd-ciùil is seinneadaran à Èirinn, Canada is Senegal a bharrachd air tàlant às an dùthaich seo fhèin. Am measg na bhios a' nochdadh aig na cuirmean tha Blazin' Fiddles, Dual, Breabach, Maighread Stiùbhairt (le coimisean na bliadhna seo), Maeve NicFhionghain, Battlefield Band, Na Bràithrean MhicCoinnich, Linda NicLeòid, Kristan Harvey agus An Sanna agus mòran de luchd-ciùil tàlantach eile.

Tha iomall na Fèise air sior fhàs le fìolmaichean Gàidhlig, cèilidhean-taighe, cuairtean air a' bhlàr a-muigh, prògram-sgoile agus tòrr a bharrachd a' tachairt air feadh na sgìre rè na Fèise.

This year's Blas Festival was launched in Eden Court on the 21st of June with a programme of exciting concerts and events afoot in September. Blas is delighted to have attracted sponsorship from RBS and Business Gateway for this year's festival.

Events include a commission from Gaelic singer Margaret Stewart, a celebration of the fiddle with Blazin' Fiddles and Irish trio Fidil, a concert celebrating the voice with Dual, Còisir-G, Maeve MacKinnon and Senegalese singer Samba Sene, plus lots more. This year the festival will develop its fringe programme with Gaelic films, forest walks, house ceilidhs, school performances.

For more information about the full programme of events and for the chance to buy early bird tickets up to 31 July, visit www.blas-festival.com

Ann an iris seo:

Development Opportunities	1
Blas Festival 2012	1
AGM & Conference 2012	1
Fèis Dhùn Èideann	2
Fèis Òigridh na Mara	2
Fèis Alba	3
Creative Scotland	3
Gaelic Classes	3
Dràma	4



AGM & CONFERENCE 2012

Bidh Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal air a cumail ann a' Ghearasdan ann an Taigh-òsta a' Chinn an Iar air Dihaoine 21 Sultain 2012. Tha dùil gum bi sluagh gu math mòr an làthair às na Fèisean air feadh na dùthcha. Thig muinntir nam Fèisean còmhla airson iomradh fhaighinn air a' bhliadhna a dh'fhalbh. Bidh ceòl agus òrain ann bho òigridh Fèisean Lochabair agus dinnear le dannsa às a dèidh.

Bidh trèanadh ann Disathairne a' crìochnachadh le sgeulachdan agus fiosrachadh bhon sgìre fhèin.

The Annual General Meeting of Fèisean nan Gàidheal will be held in the The West End Hotel, Fort William on Friday 21 September 2012. It is expected that many representatives from all the Fèisean across Scotland will be in attendance. There will be a Cèilidh following the dinner, which will feature young people from Lochaber Fèisean.

The Conference will take place on Saturday 22 September, with the usual mix of presentations and workshops.

FÈIS DHÙN ÈIDEANN: THE SHOW MUST GO ON!



Ged a chaidh pàirt den togalach a b' àbhaist dhaibh a bhith a' cleachdadh a mhilleadh anns an Fhaoilleach, bha seachdain shoibhreachail aig Fèis Dhùn Èideann ann am Bun-Sgoil Davidson's Mains, le barrachd air 40 compàirtiche a' gabhail pàirt.

Chaidh tòrr obair a-steach dhan Fhèis le luchd-teagaisg beòthail, luchd-taic dicheallach agus comataidh sgoinneil. Thuir na pàrantan gu robh a' chlann cho toilichte leis na h-òrain, ceòl agus dannsaichean a dh'ionnsaich iad! Cuideachd, airson cùisean a' dhèanamh na b' fheàrr, bha a' ghrian a' deàrrsadh fad na deireadh seachdain!

Bha cèilidh spòrsail aca air oidhche Haoine le Darren MacGillEathain na fhear-an-taighe agus bha ceòl is òrain rin cluinntinn bho luchd-teagaisg na Fèise. Mar as àbhaist aig deireadh na Fèise, bha cuirm aca a chòrd gu mòr ris a h-uile duine!

This year's Fèis Dhùn Èideann was a great success despite the many setbacks encountered with finding a suitable venue, the previous one having lost its roof in the January gales! However Davidson's Mains Primary School proved to be a great venue.

They had a great line up of inspiring and enthusiastic tutors, fantastic and hard working supervisors and their small, but incredibly dedicated Committee. Add to that a great bunch of young folk all keen to learn and play together and even some glorious sunshine into the bargain.

The Friday evening Ceilidh was a great night with lots of dancing to the wonderful Tutors' Supergroup hosted with his usual style and charm by Darren MacLean. There were over 40 participants and some new faces who came from the local area. There was a great atmosphere during the Fèis and a lot of very happy faces throughout. The Tutors' Showcase, held each morning, evolved into a "Session" much enjoyed by the more advanced participants who were delighted to play with the tutors.

A lot of parents spoke about how enthusiastic their children were about the weekend and how they were entertained at the end of each day by all the tunes, songs or dances the children had been learning throughout the day.

FÈIS NAN GARBH CHRÌOCHAN

Bha deireadh-seachdain nam meadhanan aig Fèis nan Garbh Chrìochan ann am Bun-sgoil Àth Tharracail air 17mh & 18mh Ògmhios 2012. Bha a' bhuidheann ag obair còmhla air planaichean agus sgrìobtaichean a sgrìobhadh airson fìolmaichean goirid agus sanas a dhèanamh sa Ghàidhlig. Chlàraich agus dheasaich a' bhuidheann na rinn iad le camara didsiotach agus chuir iad a h-uile sion còmhla air a' MhacBook aca. Fhuair am pròiseact maoinachadh bho Bòrd na Gàidhlig. Chòrd an deireadh-seachdain ris na compàirtichean 's iad a' faireachdainn gun do thog iad sgilean ùra 's gun tilleadh iad gu tachartasan Fèise mar seo a-rithist.



FÈIS ÒIGRIDH NA MARA

Tha Fèis Òigridh na Mara air a bhith ag obair còmhla ri Geamaichean Gàidhealach Àrasaig airson trì latha de dh'obair-bhuidhne a chur air dòigh ann am Bun-sgoil Àrasaig eadar 23 – 25 Iuchar 2012, còmhla ri Sileas Nic na Ceàrdaich agus Eoghan MacEanraig. Air an latha mu dheireadh den tachartas bidh na compàirtichean a' cluich aig na Gèamaichean Gàidhealach fhèin còmhla ris an luchd-teagaisg. Thèid fàilte a chur air luchd-tòiseachaidh air Dimàirt 22 Iuchar airson 'clas blas' fheuchainn air an fhìdeig agus òrain Ghàidhlig. Tha barrachd fiosrachaidh ri fhaighinn air www.arisaighighlandgames.co.uk

Fèis Òigridh na Mara have been working with the Arisaig Highland Games to organise a three day event of group-work in Arisaig Primary School, 23 – 25 July 2012, with Sileas Sinclair and Ewen Henderson. On the final day, the participants will perform at the Arisaig Highland Games along with their tutors. Beginners are also welcome on Tuesday 22 July for the 'Taster Session' in whistle and Gaelic songs. More information can be found on www.arisaighighlandgames.co.uk

FÈIS DHÙN BHREATAINN

Annas a' Chèitean libhrig a' bhuidheann ealain coimhearsnachd Sparc sreath de sheiseanan Gàidhlig do 16 clasaichean ann an 6 bun-sgoiltean ann an Dùn Bhreatainn le clasaichean dràma agus geamaichean. Chòrd seo gu mòr leis a' chloinn agus aig deireadh an latha ghabh 376 clann pàirt ann uile gu lèir.

In May Sparc Community Arts delivered a series of Gaelic sessions to 16 classes in 6 Dunbarton primary schools. In total 376 children engaged in a series of Gaelic games and drama which they thoroughly enjoyed. The project was delivered by Colette Gough and Laura Dunlop of Sparc on behalf of Fèis Dhùn Bhreatainn.

BLYTHSWOOD CARE

Tha bùth leabhraichean Blythswood ann an Inbhir Nis a' sireadh leabhraichean Gàidhlig. Ma tha seann leabhraichean agad fhèin neo ma tha thu eòlach air cuideigin le leabhraichean air nach eil feum tuilleadh, chuireadh Blythswood fàilte orra aig a' bhùth ionadail agaibh fhèin no aig a' bhùth-leabhraichean a th' aca fo oifisean Fèisean nan Gàidheal air Sràid an Acadamaidh, Inbhir Nis.

The Blythswood book shop in Inverness is looking for donations of Gaelic books. If you have any old books which are in reasonably good condition or you know of anyone who has any Gaelic books they no longer have a use for, please consider donating them either to your local Blythswood charity shop or the Blythswood book shop below the Fèisean nan Gàidheal office on Academy Street, Inverness where they will be gratefully received.

CEILIDHHUNTER WEBSITE

A new website has recently been set up by Simon Cleary, which is designed to help people promote, organise and find cèilidhs in Scotland and further afield. It has been generating a lot of positive feedback from bands and event organisers.

For further information and to advertise any events/cèilidhs go to www.ceilidhhunter.co.uk

FEIS ALBA PRELUDE TO CÈILIDH TRAILS



Tha Fèis Alba a' cur fàilte air còrr is 50 luchd-ciùil bho air feadh Alba airson trèanadh bliadhna nan Cuirtean Cèilidh a thèid a chumail air a' Phloc eadar 2 agus 13 Iuchar 2012. Mar a thachair anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh gabhadh na compàirtichean pàirt ann an roghainn fharsaing de bhùthan-obrach far an ionnsaich iad na sgilean a dh'fheumas iad airson a dhol air chuairt. Am-bliadhna bidh sgioba air leth gan teagasg: Anna Massie, Mairearad Green, Ingrid NicEanraig, Donal MacIlleDhuinn agus Màiri Anna NicUalraig. Air an oidhche mu dheireadh den Fhèis chithear Fèis Chataibh, Fèis Rois agus Fèis Fhoirt air an àrd-ùrlar còmhla ris an Sgoil Shamhraidh Dhrama airson cuirm-taisbeanadh aig Stiùidio Fàs, Sabhal Mòr Ostaig. Às dèidh Fèis Alba, bidh na h-ochd Cèilidhean air Chuairt a' falbh air thuras air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Am-bliadhna, thathar a' cur fàilte air Cèilidh air Chuairt Fèis Fhoirt a fhuair taic-airgid bhon mhaoin Cultar agus Turasachd aig Bliadhna Alba Cruthachail agus Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean. 'S e seo a' chiad bhliadhna de 'Trad Trails' - Cuairt Cèilidh Nàiseanta a tha fo stiùir Fèis Rois ann an co-bhonn leis an TMSA a tha cuideachd air a mhaoineachadh mar phàirt de Bhliadhna Alba Cruthachail.

Mar a thachair anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh, bidh na Cuirtean Cèilidh a' gabhail pàirt ann an còrr is 100 tachartas ann an roghainn fharsaing de dh'aithean eadar an Iuchar agus an Lùnastal. Air 11 Iuchar aig 7.30f, aig Taigh Òsta Beinn Nibheis anns a' Ghearasdan, bidh oidhche shònraichte ann aig 'Fèisean Lochabair Cèilidh Trail Reunion Ceilidh' far am bi luchd-ciùil na bliadhna seo a' cluich còmhla ri luchd-ciùil ainmeil à Loch Abar mar Megan agus Ewen MacEanraig, Andrew Dòmhnallach agus Ian Mac a' Mhaighstir, a b' àbhaist a bhith a' gabhail pàirt anns an Fhèis agus na Cèilidhean air Chuairt. Thèid Cuairt Cèilidh Earra-Ghàidheil a bhogadh le cuirm-ciùil far am bi iad a' cur taic ri na Tannahill Weavers ann an Strachur air 27 Iuchar, tha Cuairt Cèilidh an Eilein Sgitheanaich agus Loch Aillse gu bhith a' seòladh air bòrd bàt'-aiseig Caledonian Mhic a' Bhruthainn agus thèid crìoch a chur air Cuairt Cèilidh a' Mhonaidh Ruaidh aig Fèis na Teanta Mòire ann an Fàclann, Fìobha.

Tha na Fèisean Cèilidhean air Chuairt mar phàirt den phròiseact Cèilidhean air Chuairt - Slighean Ùra (Ceilidh Trails – New Routes) a tha pàirt-mhaoichte le prògraman Coimhearsnachd Eòrpach na Gàidhealtachd agus prògraman Leader 2007-2013 aig A' Chàrn-ghorm, Earra-ghàidheal agus nan Eilean.

Fèis Alba, the annual Ceilidh Trails training event, will take place in Plockton from the 2nd to 13th July and will welcome more than fifty young musicians from across Scotland. As with previous years, participants will take part in a wide variety of workshops which will equip them with the skills they need to go out on tour. The final night of the Fèis will see Ceilidh Trail participants from Fèis Chataibh, Fèis Rois and Fèis Fhoirt joining participants of Fèisean nan Gàidheal's annual Drama Summer School - Sgoil Shamhraidh Dhrama, for a joint performance at Sabhal Mor Ostaig.

Following Fèis Alba, eight Ceilidh Trails will be heading out on tour throughout the Highlands and Islands including the new Fèis Fhoirt Ceilidh Trail, funded through the Year of Creative Scotland Culture and Tourism fund and the Lomond and Trossachs National Park and the new 'Trad Trails' National Ceilidh Trail which is being run by Fèis Rois in partnership with the TMSA, also funded as part of the Year of Creative Scotland.

Check out the Ceilidh Trail Tour dates at www.feisceilidhtrails.org or email ceilidhtrails@feisean.org for more information.

CREATIVE SCOTLAND'S GAELIC PLAN

Creative Scotland's draft Gaelic Language Plan sets out how it will use Gaelic in its operations, communications and in its investment in arts and culture in Scotland in order to:

- Enhance the status of Gaelic language and culture
- Promote the acquisition and learning of Gaelic
- Encourage the increased use of Gaelic

You can view an online copy of the Plan at http://www.creativescotland.com/sites/default/files/editor/Creative_Scotland_Draft_Gaelic_Language_Plan.pdf

If you would like to comment on Creative Scotland's draft Gaelic Language Plan please complete the survey <https://www.surveymonkey.com/s/glp-consultation>

The closing date for responses is Friday 20 July 2012.

COFAIDH AGUS CÒMHRADH

Tha buidheann bheag a' coinneachadh aig Fèisean nan Gàidheal, Taigh a' Mhill, Port Rìgh gach Dimàirt eadar 1f agus 2f airson srùpag agus còmhradh sa Ghàidhlig. Tha seo fosgailte do dhuine sam bith sa choimhearsnachd a tha airson a chuid Ghàidhlig a thoirt air adhart. Chan e clas foirmeil a th' ann idir, agus tha na cuspairean a rèir cò thig air an latha – ceòl roc, a' togail cruach-mòna, a' fuine sgonachan... Cuiridh Fèisean nan Gàidheal an coire air, agus thoiribh leibh ceapaire agus ur cuid naidheachdan.

A small group meets at Fèisean nan Gàidheal, Meall House, Portree each Tuesday between 1pm and 2pm for a cup of tea/coffee and a bit of Gaelic conversation. It is open to anyone in the community who wants to improve their Gaelic. It is not a formal class, and the subjects vary according to the participants – rock music, building a peat stack, baking scones... Fèisean nan Gàidheal will put the kettle on, and you can bring your own lunch and stories.

GAELIC CLASSES

Tha Bòrd na Gàidhlig a' brosnachadh tuilleadh co-obrachaidh eadar na buidhnean Gàidhlig agus cothroman leasachaidh a ghabhail còmhla, far am biodh seo iomchaidh. Tha Fèisean nan Gàidheal a' toirt cuireadh do luchd-obrach à buidhnean Gàidhlig eile thighinn do na clasaichean Gàidhlig acasan. Cosgaidh na clasaichean seo £30 do dhaoine taobh a-muigh nam Fèisean.

Bòrd na Gàidhlig are encouraging greater co-operation between the various Gaelic organisations, and contracting them to work together on training and development matters. Fèisean nan Gàidheal are opening their in-house staff development Gaelic classes to employees of other Gaelic organisations. These classes will cost £30/day to those from outwith the Fèisean, and this will include tea, coffee and lunch.

The classes take the form of two different levels (Intermediate and fluent) and run all day from 10.30 am - 3.30 pm.

The following classes are scheduled to take place in the forthcoming months:

23 August 2012	Portree
22 November 2012	Inverness
14 March 2013	Portree

For further information or to book a place on any of the classes please contact Iona MacDonald on 01478 614001 or email iona@feisean.org

FÈIS DHRÀMA EARRA-GHÀIDHEIL IS LOCH ABAR



Ged a bha a' ghrian a' deàrrsadh is teas-mheidh a' chàir a' nochdadh 29°C cha d' rinn e diofar do 150 cleasaiche òg a chruinnich ann an Tallaichean a' Chorrain san Òban Dìmàirt 1 Cèitean.

Tha Fèis Dhràma Earra-Ghàidheil is Loch Abar a-nise sia bliadhna a dh'aois, agus 's e 2012 a' bhliadhna as trainge agus as motha a bh' againn fhathast. Ghabh seachd sgoiltean pàirt sa phròiseact, agus air sgàth 's gun robh cuid de sgoiltean a' cur air adhart dà dhealbh-chluich nochd 11 pìosan dràma air an àrd-ùrlar.

Ged a rinn Dougie obair ann an cuid mhath de na sgoiltean a ghabh pàirt, 's iad a' chlànn agus na tidsearan fhèin a rinn an obair a bu mhotha, le taghadh farsaing de dhealbh-chluiche air an cruthachadh is an deasachadh, le cuspairean leithid burraidheachd, na h-Oileampaigs, spùinneadairean is fiù 's tarraing ùr air Romeo is Juliet am measg na chaidh a chur air an àrd-ùrlar.

Thàinig na sgoilearan às gach ceàrnaidh de dh'Earra Ghàidheil is Loch Abar - às an Òban, an Apainn, a' Ghearasdan, à Dùn Omhain, Muile, Malaig is Àth Tharracaill - agus ged is e latha fada a bh' ann don a h-uile duine, gu h-àraid dhaibhsan a bha a' siubhal astar, chòrd am feasgar ris a h-uile duine.

Tha FnG daonnan deiseil cothroman sanasachd a ghabhail, is bha sinn fortanach gun do chuir sgioba à BBC ALBA am feasgar seachad còmhla rinn, le pìos naidheachd air leth snog a' nochdadh air an TBh às dèidh làimhe.

Tha FnG gu mòr airson an Fhèis seo a chumail a' dol, ach leis cho soirbheachail agus cho mòr 's a tha i air fàs bidh sinn, 's dòcha, a' coimhead air slighean eile cothrom a thoirt don chloinn an cuid sgilean a thaisbeanadh, 's dòcha le bhith a' ruith làithean taisbeanaidh sgireil. Oir neo ... dh'fhaodamaid còmhraidhean a thòiseachadh le muinntir Broadway!

SGILEAN DRÀMA ANNS NA H-EILEANAN SIAR



This year the Fèisean nan Gàidheal drama team provided a new drama skills service for primary schools in the Western Isles where participating schools received tuition in a wide range of drama skills through a series of workshops.

Freelance drama worker Debbie Mackay was employed to deliver the project on behalf of Fèisean nan Gàidheal and her workshops were well received by the pupils and staff. Donna Barden, Head of Laxdale Primary said "We really enjoyed having Debbie and we'd like to thank Fèisean nan Gàidheal for the preparation involved. The pupils are keen to have more as they really enjoyed the drama."

For more information about this or other drama projects contact Angus Macleod or Dougie Beck at the Fèisean nan Gàidheal office in Inverness on 01463 225559 or visit www.feisean.org

SGEAMA GREIS GNIOMHACHAIS

Tha Fèisean nan Gàidheal toilichte a bhith a' cumail taic ri Sgeama Greis Gníomhachais Comunn na Gàidhlig le bhith a' fastadh Ellen NicDhòmhnaill airson deich seachdainean air an t-samhradh seo. 'S ann à Inbhir Nis a tha Ellen 's tha i na h-oileanach air a' Chùrsa BA – Ceòl is Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig. Fad an t-samhraidh bidh Ellen stèidhichte san oifis ann an Inbhir Nis, a' toirt taic do sgioba Fèisean nan Gàidheal le grunn phròiseactan agus a' tadhail air na Fèisean ionadail.

Fèisean nan Gàidheal are pleased to be supporting Comunn na Gàidhlig's summer placement scheme for students by employing Ellen MacDonald from Inverness for a ten week period.

MEALAIBH UR NAIDHEACHD

Congratulations and all our best wishes go to Angus MacLeod, our Gaelic Drama Assistant, who married Angela Bowen in Inverness on Friday 27th April.

A h-uile latha sona dhuibh, gun latha idir dona dhuibh!



Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org